

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

RIAGHALTAS NA H-ALBA - A' BROSNACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG SA BHEATHA PHOBLACH

29 Am Faoilteach 2009

Tha Riaghaltas na h-Alba air a' chiad Dreachd Phlana Gàidhlig a chur a-mach gu co-chomhairleachadh poblach. Tha am Plana a' moladh cheuman gus luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an uair a tha iad a' dèiligeadh ris an Riaghaltas.

Dh'ainmich Linda Fabiani foillseachadh a' Phlana aig deasbad sa Phàrlamaid mun Ghàidhlig feasgar an-diugh.

Tha na ceuman a' gabhail a-steach a bhith a' gluasad gu cleachdadh ìomhaigh corporra dà-chànanach, fastadh tuilleadh oifigearan Gàidhlig gus sùil a chumail air adhartas a' Phlana agus a chur an gnìomh; a bhith a' cur air dòigh chothroman ionnsachaidh cànan don luchd-obrach, a bhith a' gabhail ri agus a' cur fàilte air foirmean a bhith air an lìonadh a-steach sa Ghàidhlig; a bhith a' dèanamh ullachaidh airson choinneamhan poblach a bhith air an cumail sa Ghàidhlig an uair a thathar mothachail air iarrtas air a shon; a bhith a' togail an àirde comas airson seirbheisean eadar-theangachaidh; agus a' brosnachadh co-sgrìobhadh ris an Riaghaltas sa Ghàidhlig.

Thuirtear Ministear na h-Eòrpa, Cùisean air an Taobh a-muigh agus Cultar Linda Fabiani:

“Buinidh a' Ghàidhlig do dh'Alba. Cho math ri bhith na pàirt air leth is riatanach de ar beatha chultarail bheairteach, 's e cànan nàiseanta a tha innte is feumaidh sinn an aithne sin a thoirt dhi.”

“Tha Ministearan na h-Alba air ar seasamh a thaobh na Gàidhlig a dhèanamh glè shoilleir. Tha sinn dealasach ann a bhith a' sireadh àm ri teachd a bhios seasgair is seasmhach don chànan, agus tha foillseachadh ar Dreachd Phlana Gàidhlig na thuilleadh fianais air ar dicheall a thaobh a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha phoblach.”

“Tha soirbheas BBC Alba na chomharra soilleir air cho dìoghrasach 's a thathar a thaobh na Gàidhlig. 'S e an dùbhlán a tha romhainn a thaobh na Gàidhlig san àm ri teachd an dìoghras sin a stiùireadh gus am bi daoine a' dèanamh barrachd cleachdadh den Gàidhlig agus gus meudachadh fhaicinn ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. 'S ann a mhàin tro bhith a'

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



brosnachadh tuisgse mun chànan agus a bhith ga cleachdadh is urrainn dhuinn àm ri teachd a tha dha-rìribh seasmhach a chruthachadh dhan Ghaidhlig.

Tha Dreachd Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba ag amas dìreach air sin – a bhith a’ misneachadh tuilleadh cleachdadh den chànan tro bhith a’ cruthachadh chothroman prataigeach airson a bhith ga cleachdadh.”

Tha Art MacCarraig, Cathraiche Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig air fàilte a chur air Dreachd Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba mar “dheagh chomharra soilleir air dealas leantainneach an Riaghaltais a thaobh a’ chànan”.

Thuir Mgr MacCarraig:

“Le bhith a’ gabhail a’ cheum chudromaich seo, tha Riaghaltas na h-Alba air fios a chur a-mach gu bheil fìor bhuannachd ann a bhith a’ toirt taic agus comas leasachaidh dhan Ghaidhlig. Tha plana susbainteach an seo a tha iomchaidh airson a chuid ghnìomhan fhèin, ach tha e cuideachd a’ toirt stiùir do bhuidhnean eile agus a’ cur a-mach fios gu bheil Riaghaltas na h-Alba airson àm ri teachd seasmhach fhaicinn dhan Ghaidhlig, a dh’fhaodadh a bhith air a chleachdadh mar mhac-samhail aig iomadh ìre le buidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach cho math ri daoine fa-leth.

“Tha mi a’ cur fàilte air dealas agus rùintean a’ Mhinisteir ann a bhith a’ foillseachadh an sgrìobhainn seo agus bu mhat leam ìmpidh a chur air gach neach aig a bheil ùidh sa Ghaidhlig, thairis air a h-uile raon anns a bheil sinn an sàs, eadar an dachaigh, foghlam is craoladh ann an Gàidhlig, am beachdan a dhèanamh follaiseach rè àm a’ cho-chomhairleachaidh. Tha sin a’ gabhail a-steach a bhith a’ measadh an sgrìobhainn a tha far comhair agus cuideachd a bhith a’ moladh leasachaidhean a dh’fhaoidte a dhèanamh air.”

Faodar freagairtean dhan cho-chomhairleachadh air Dreachd Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a chur gu làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba. Faodar fiosan a chur cuideachd gu gaeliclanguagelplan@scotland.gsi.gov.uk no guplanagaidhlig@scotland.gsi.gov.uk. Bidh an co-chomhairleachadh a’ dol gu Giblean 29, 2009.

Mar a tha mìnichte ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, faodaidh Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach am Planaichean Gàidhlig fhèin ullachadh. Tha na leanas air am planaichean fhoillseachadh cheana: Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Earra-Ghàidheal is Bòid, agus Pàrlamaid na h-Alba. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air a phlana ullachadh agus co-chomhairleachadh a dhèanamh air agus tha na buidhnean a leanas ag ullachadh planaichean aig an àm a tha an làthair: Comhairle Baile Dhùn Èideann, Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air Foghlam, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Ionnsachadh is Teagaisg Alba, agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba. O chionn ghoirid chaidh iarraidh air na

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



buidhnean a leanas planaichean ullachadh: NHS na Gàidhealtachd, NHS nan Eilean Siar, Caledonian Mac a' Bhriuthainn, Maoin Mara Chaledonian Earranta, Ùghdarras nan Croitearan, Dualchas Nàdair na h-Alba, Coimisean na Coilltearachd agus Visit Scotland.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



THE SCOTTISH GOVERNMENT - ENCOURAGING THE USE OF GAELIC IN PUBLIC LIFE

29 January 2009

The Scottish Government has published its [Draft Gaelic Language Plan for consultation](#). The Plan proposes measures to encourage Gaelic speakers to use the language when contacting the Government.

Linda Fabiani announced publication of the Draft Plan during a parliamentary debate on Gaelic this afternoon.

Measures proposed include a move to a bilingual corporate identity; the recruitment of further Gaelic officers to monitor and implement the Plan; making Gaelic language training available for staff; accepting and welcoming the completion of forms in Gaelic; making provision for holding public meetings in Gaelic where a demand is demonstrated; building capacity for translation services; and encouraging correspondence with the Government in Gaelic.

Minister for Europe, External Affairs and Culture Linda Fabiani said:

“Gaelic belongs to Scotland. As well as being a unique and essential part of our rich cultural life, it is a national language and we must recognise it as such.

“Scottish Ministers have made our position on Gaelic very clear. We are committed to a secure and sustainable future for the language, and publication of our Draft Gaelic Language Plan is further evidence of our dedication to increasing the use of Gaelic in public life.

“The success of BBC Alba is a clear indication of the enthusiasm for Gaelic. The challenge for the future of Gaelic is to convert such enthusiasm into increased use of the language and an increase in the number of Gaelic speakers. Only through encouraging appreciation and use of the language can we build a truly sustainable future for Gaelic.

“The Scottish Government’s Draft Gaelic Language Plan is aimed at exactly that – encouraging increased use of the language by creating practical opportunities for its use.”

Interim Chair of Bòrd na Gàidhlig Arthur Cormack has hailed the Scottish Government’s Draft Gaelic Language Plan as a “welcome and positive indication of the Government’s continuing commitment to the language”.

Mr Cormack said:

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



“By taking this significant step, the Scottish Government has signalled that there is real benefit in sustaining and developing Gaelic. It is a meaningful plan that applies to its own operations, but also offers a lead to other organisations with a clear message that the Scottish Government wants to see a sustainable future for Gaelic, which can be followed through at all sorts of levels by public, private and voluntary bodies as well as individuals.

“I welcome the Minister’s commitment and intentions in launching the document and I would urge everyone with an interest in Gaelic, in all the range of areas we operate in, from the family home to education and broadcasting in Gaelic, to make their opinions known during the consultation period. That applies equally to assessing the document as it stands and taking a look at how it could be developed.”

Responses to the consultation on the Scottish Government's Draft Gaelic Language Plan can be made via the Scottish Government website. Contributions can also be made to gaeliclanguageplan@scotland.gsi.gov.uk or orplanagaidhlig@scotland.gsi.gov.uk. The consultation runs until April 29, 2009.

As stated in the Gaelic Language Act (Scotland) 2005, Bòrd na Gàidhlig can ask public bodies to produce their own Gaelic Language Plans. The following have already published their own plans: Comhairle nan Eilean Siar, Highland Council, Highlands and Islands Enterprise, Argyll and Bute Council and the Scottish Parliament. Glasgow City Council has prepared and consulted on its plan and the following are currently preparing plans: Edinburgh City Council, Her Majesty's Inspectorate of Education, the Scottish Qualifications Authority, the University of the Highlands and Islands, Learning and Teaching Scotland, and the Scottish Funding Council. The following bodies have recently been asked to produce plans: NHS Highland, NHS Western Isles, Caledonian MacBrayne, Caledonian Maritime Assets Limited, the Crofters Commission, Scottish National Heritage, the Forestry Commission and Visit Scotland.